

Aon dòigh air an tràth teachdail a mhìneachadh do sgoilearan (airson bheachdan)

An toiseach, dèan cinnteach gu bheil fhios aig na sgoilearan dè th' ann an gnìomhair, i.e. facal a chleachdas tu airson bruidhinn air gnìomh. Iarr eisimpleirean orra – me gabh/gabhail, faic/faicinn etc etc

Dèan cinnteach gu bheil fhios aig na sgoilearan dè th' anns an tràth theachdail – an riochd den gnìomhair a chleachdas tu nuair a tha thu a' bruidhinn mu ghnìomhan san àm ri teachd

Ceum 1: an tràth teachdail (neo-eisimileach)

Litrichean magnaiteach

Can ris na sgoilearan gu bheil thu a' dol a dhèanamh an tràth teachdail le na litrichean magnaiteach. Tòisich le **cuir**.

Can riutha gu bheil na gnìomhairean ag atharrachadh san dòigh thràthan ach airson tòiseachadh air tràthan a' togail, feumaidh tu smaointinn daonann air an dòigh san toireadh tu òrdugh do chuideigin. Seo beachd air dòigh air seo a dhèanamh:

- Ciamar a bheireadh iad òrdugh do chuideigin crògan a chur san t-soitheach sgudail?
- 'Cuir san t-soitheach sgudal e'
- 'S e. Agus 's e an riochd sin, **cuir** a chleachdas sinn airson tràthan a dhèanamh
- etc

Cuir **-idh** agus **-aidh** air a' chlàr, aig an taobh eile bho **cuir**.

Can riutha gum feum thu litrichean eile a chur ri 'cuir' airson an tràth teachdail a dhèanamh. Tha taghadh aca eadar **-idh** no **-aidh**. Bheil fhios aca cò am fear a th' ann? (**-idh**, oir tha fuaimreag chaol aig an deireadh).

Cuir ris **-idh** agus can **cuiridh**.

An uair sin, cuir suas gnìomhair eile – **gabh**. Faighnich a bheil fhios aig duine cò an deireadh a chleachdas iad agus carson? Leig leotha feuchainn (**-aidh**, oir tha fuaimreag leathann aig an deireadh).

Leig leothasan an còrr de na gnìomhairean a dhèanamh, a' dèanamh cinnteach gu bheil an deireadh ceart aca daonnan.

Daigneachadh

- Iarr orra seantansan a dhèanamh suas a' cleachdadh nan gnìomhairean san tràth theachdail. Ma tha thu airson tuilleadh taice a thoirt dhaibh, thoir dhaibh toiseach seantans, me: A-nochd...

A-màireach...

An ath sheachdain...

An ath bhliadhna...

No structar, me: Nuair a thèid mi dhachaigh feasgar ...

- Iarr orra clàr-planaidh a dhèanamh airson nan rudan a nì iad an ath latha airson faighinn deiseil airson na sgoile

Ghabhadh seo a dhèanamh ann an labhairt no ann an sgrìobhadh. Thoir an aire nach cleachd duine 'bidh mi a' ...'

Ceum 2: an tràth teachdail (àicheil)

Litrichean magnaiteach

Can ris na sgoilearan gu bheil sibh a-nis a' dol a choimhead ris an dòigh san can thu NACH dèan thu rud san àm ri teachd no sam faighnich thu AN dèan thu rud. Cuir suas **an** agus **cha** le na litrichean.

Tòisich le cuir a-rithist. Can riutha, a-rithist, gu bheil thu a' tòiseachadh leis an fhacal a chleachdadh tu airson òrdugh a thoirt do chuideigin ('s dòcha gum bi cuimhn' aca fhèin air seo?). Can 'cuir ort do chòta' agus cuir suas 'cuir'.

Can riutha gun dèan sibh ceistean an toiseach. Cuir suas 'an cuir'. Faighnich ciamar a tha an gnìomhair air atharrachadh.

- Chan eil e air atharrachadh idir.

Iarr orrasan 'an' a chur còmhla ris na gnìomhairean eile.

Iarr orra ceistean a dhèanamh suas a' cleachdadh nan gnìomhairean uile an làrach nam bonn.

Can a-nis gu bheil thu a' dol a chur cha agus na gnìomhairean ri chèile. Cuir suas 'cha chuir' agus iarr orra innse dhut dè th' air tachairt. Tha 'cha' air 'h' a chur às dèidh na ciad litreach.

- Tha iad air sin fhaicinn roimhe, nach eil?
- Leig leothasan 'gabh' fheuchainn an uair sin.
- An uair sin feuch 'cha òl'.
- Can e agus faighnich a bheil e furasta a ràdh.
- Chan eil.
- Faighnich a bheil litir ann a nì e nas fhasa a ràdh.
- Mur eil fhios aca, iarr orra smaointinn air 'chan eil.'
- Cuir suas 'chan òl'.

Iarr orra seantansan a thoirt dhut a' cleachdadh 'cha'/'chan'.

Daigneachadh

- Ionnsaich an t-òran seo dhaibh (air fonn 'If you're happy and you know it')

An cuir thu ort do bhrògan anns an leabaidh? Cha chuir!
An cuir thu ort do bhrògan anns an leabaidh? Cha chuir!
An cuir thu ort do bhrògan, an cuir thu ort do bhrògan
An cuir thu ort do bhrògan anns an leabaidh? Cha chuir!

An gabh thu sabhs tomato air do lit? Cha ghabh!
An gabh thu sabhs tomato air do lit? Cha ghabh!
An gabh thu sabhs tomato, an gabh thu sabhs tomato
An gabh thu sabhs tomato air do lit? Cha ghabh!

An òl thu milkshake làn de dh'fhion-geur? Chan òl!
An òl thu milkshake làn de dh'fhion-geur? Chan òl!
An òl thu milkshake fion-geir, an òl thu milkshake fion-geir
An òl thu milkshake làn de dh'fhion-geur? Chan òl!

An seinn thu òran èibhinn còmhla rium? Seinnidh!
An seinn thu òran èibhinn còmhla rium? Seinnidh!
An seinn thu òran èibhinn, an seinn thu òran èibhinn còmhla rium
An seinn thu òran èibhinn còmhla rium? Seinnidh!

- Iarr orra, ag obair ann an dithisean no triùirean, bruidhinn mu na rudan a nì iad a-màireach le bhith a' cur cheistean agus gam freagairt (ceistean a ghabhas freagairt le cuiridh/cha chuir a-mhàin), me 'an glan thu d'fhaclan?' 'glanaidh'.